

Geàrr-chunntas coinneamh Comataidh Corporra an t-Sabhail Mhòir a chaidh a chumail air Diciadain 15 Ògmhios 2016 aig Sabhal Mòr Ostaig aig 2.15f

BUILL:	Aideen Ni Mhaille (Cathraiche) Iain Moireasdan Boyd Robasdan
AN LÀTHAIR:	Cairistiona NicCoinnich (geàrr-chunntas)
LEISGEULAN:	Sandy Jones

PUING

GNÌOMH

1 FIOSRACHADH

1.1 **Fàilte:** Chuir an Cathraiche fàilte air na buill.

2 GEÀRR-CHUNNTAS

2.1 **CoCo 16-01:** Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh.

2.2 **Gnothaichean ag Èirigh:**

4.3 Riaghladh: Bidh pàipear air riaghladh ann airson na h-ath choinneimh

5.2 Trèanadh: Cha deach rannsachadh a dhèanamh air trèanadh iomchaidh airson buill a' Bhùird mus do dh' fhàg Shona.

3 ÙIDHEAN

Cha do nochd ùidhean.

4 GNOTHACHAN CORPORRA

4.1 **Ballrachd:** Bhruidhinn Art MacCarraig ri Faye NicLeòid agus tha i deònach a bhith na ball den Bhùird Stiùiridh. Tha Aideen air sgrìobhadh thuice agus ged nach d' fhuair i freagairt fhathast, thathas an dòchas gum bi Faye aig an ath choinneimh.

Chaidh bruidhinn air daoine eile a bhiodh freagarrach agus dh' aontaich Iain bruidhinn ri aonan dhiubh ron ath choinneimh. IM

4.2 **Barganachadh Pàigheadh Nàiseanta:** Thug Boyd iomradh air na còmhraidhean a bha air a bhith ann eadar na colaistean, na h-aonaidhean agus an riaghaltas a thaobh cothromachadh pàighidh. Chaidh comann luchd-fastaidh a chur air chois airson nan colaistean a' riochdachadh; chan eil ballrachd aig Sabhal Mòr seach nach do shoighnig sinn an NRPA (National Recognition and Procedures Agreement), ach tha inbhe 'neach-amharc' againn. Tha Aideen a' riochdachadh na Colaiste. Tha an Riaghaltas air airgead a ghealltainn airson àrdachadh thuarastalan ann an 2016-17 ach chan eil fhios a lean sin. Cha leig a' Cholaiste leas co-dhùnadh a dhèanamh an-dràsta mu bhith gabhail ris an NRPA ach tha ceist ann am faigh sinn airgead airson àrdachadh thuarastalan, mura gabhar ris an NRPA.

4.3 **Buidheann-obrach Ro-innleachd OGE:** Thugadh fa-near am pàipear a chaidh a dheasachadh le prionnsapalan nan com-pàirtichean air ro-innleachd OGE. Tha Marlene Wood bho Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba air a bhith a' cumail còmhraidhean le ne prionnsapalan agus le àrd-stiùirichean an oilthighe, a' trusadh bheachdan air ro-innleachd agus structar OGE.

Thèid aithisg air a' chuspair seo chun na h-ath choinneimh dhen Bhòrd.

4.4 **Riaghaltas na h-Alba:** Thugadh fa-near na litrichean a sgrìobh Boyd as dèidh taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba as leth na Colaiste gu Nicola Sturgeon, John Swinney agus Kate Forbes.

5 SGIOBACHD

5.1 **Tuarastal Tinneis:** Chaidh aontachadh ris na molaidhean anns a' phàipear aig Shona a thaobh tuarastal tinneis do luchd-obrach ùra. Cha gabhail ris na molaidhean seo aig Buidheann Co-chomhairleachaidh Luchd-obrach, Buidheann Stiùiridh agus Buidheann Gnìomh.

5.2 **Luchd-obrach:** Thugadh fa-near an aithisg air luchd-obrach a tha air tòiseachadh ann an dreuchdan ùra, agus air fhàgail, bhon choinneamh mu dheireadh.

6 GNOTHACH IOMCHaidh SAM BITH EILE

Cha robh gnothaichean iomchaidh sam bith eile ri thogail

7 CEANN-LÀ NA H-ATH CHOINNEIMH

Thèid an ath choinneamh a chumail ron ath choinneimh aig a' Bhùird air 30 Sultain.

sgaoil a' choinneamh aig 3.45f

